

Tha an taigh-tùir seo ann am meadhan baile gu mòr mar lèirsinn aon fhir, Sir Tòmas MacIllFhaolain. Ged a tha e falamh 's gun mhullach, tha gu leòr air fhàgail a dh'innseas mar a bha beatha do shaoranach-baile beairteach san 16mh linn ann an Cille Chuithbeirt.

# A' RANNSACHADH CAISTEAL MHICILLFHAOLAIN

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL





### Loidhne-tìm

1449 Cuiridh Seumas II taigh-cràbhaidh nam Manach Liath air chois an Cille Chuithbeirt

1466 Uilleam MacIllFhaolain suidhichte na Phròbhaist air Cille Chuithbeirt

1547 Cille Chuithbeirt fo shèist nan Sasannach

1569 Gheibh Sir Tòmas MacIllFhaolain fearann is làrach an taigh-cràbhaidh an dèidh an Ath-Leasachaidh; tòisichidh e air caisteal a thogail

1581 Tadhailidh Sir Tòmas An Fhraing

1582 Crìochnaichear an caisteal

1584 Pòsaidh Sir Tòmas Grissel Maxwell

1597 Bàs Shir Tòmas; Tiodhlaicte cuide ri bhean ann an Eaglais nam Manach Liath

1633 Raibeart MacIllFhaolain mar chiad Thighearna Chille Chuithbeirt; nì e ana-caitheimh air maoin an teaghlach ann an Èirinn

1742 Rùsgar am mullach den chaisteal; na tha na bhroinn air a thoirt air falbh le Clann IllFhaolain Orchardton

1912 An caisteal fo chùram na stàite

**Am meadhan baile trang Chille Chuithbeirt, faisg air a' chala, tha tobht Chaisteal MhicIllFhaolain. Tha an taigh-tùir seo ann am meadhan baile gu mòr mar lèirsinn aon fhir, Sir Tòmas MacIllFhaolain. Ged a tha e falamh 's gun mhullach, tha gu leòr air fhàgail a dh'innseas do sgoilearan mar a bha beatha do shaoranach-baile beairteach san 16mh linn ann an Cille Chuithbeirt.**

### Cùl-Sgeul Eachdraidheil

Tòisichidh sgeul caisteal MhicIllFhaolain am meadhan an 15mh linn. Ghabh Seumas II fois on chòmhrag aige an aghaidh nan Dubhghlasach Dubha gus taigh-cràbhaidh nam Manach Liath a chur air chois am meadhan baile cudromach Chille Chuithbeirt. An dèidh Ath-Leasachadh 1560 thrèigeadh an taigh-cràbhaidh. Ann an 1569 fhuair Sir Tòmas Mac IllFhaolain sealbh air an fhearann a bh' aig an taigh-cràbhaidh. Goirid an dèidh seo thòisichidh air taigh-tùir mòr a thogail.

Mar aon de theaghlachichean mòra na sgìre, bha an teaghlach MacIllFhaolain air èirigh ann an inbhe ri linn an 15mh linn. Ag obair ann an raon cìs is cuspainn, rinn iad buannachd ri linn malairt a' bhaile ri Sasainn, le seiche, aodach-clòimh is gual. Nuair a chaill na Dubhghlasaich Dhubha an cumhachd am meadhan an 15mh linn, fhuair an teaghlach MacIllFhaolain cothrom air na fearainn a chaidh a thoirt seachad fhaighinn. Goirid an dèidh

sin bha Uilleam MacIllFhaolain air a shuidheachadh mar Phròbhaist air Cille Chuithbeirt.

Thogadh an caisteal gus cumhachd is sgoinn Shir Tòmas MacIllFhaolain a chur an cèill. Gun mhòran aire air dìon, b' e seo taigh dachaigheil mòr-chùiseach. Sheall a shuidheachadh ann am meadhan Chille Chuithbeirt inbhe chudromach an teaghlach am measg an t-sluaigh sin. Thogadh mean air mhean e agus is dòcha gun deach a chrìochnachadh mu 1582, ged a thathar a' cumail a-mach nach deach na bha staigh a chrìochnachadh ri linn gainnead airgid.

Gu mì-fhortanach cha do chaith an teaghlach mòran tìde sa chaisteal. Ged a bha an inbhe a' dol an àirde, agus mac Shir Tòmas mar chiad Thighearna Chille Chuithbeirt an 1633, thòisich crìonadh an teaghlach o sin a-mach. Mu 1741 bha sgeul bhrònach ann gum faicte Tighearna Chille Chuithbeirt na sheasamh air iomall gach bàl mòr ann an Dùn Èideann, a' feuchainn ri paidhrichean mhiotagan a reic do na dannsairean.

An 1742 thugadh mullach is àirneis a' chaisteil air falbh le meur eile den teaghlach agus chaidh e à feum on àm sin gus an deach a chur fo chùram na stàite ann an 1912.



An caisteal on ear



## Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu **Caisteal MhicillFhaolain** gu h-àraid iomchaidh don luchd-teagaisg a tha ag obair air cuspairean sgoile mar:

- **Na Meadhan-Aoisean**
- **Caistealan**

Tha an t-**Curraicealam airson Sàr-mhathais** ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh agus dùbhlán a chur romhpa tro raon farsaing foghlaim. Tha ròl sònraichte aig turais gu làraichean ann a bhith a' ceangail buil an fhoghlaim thar a' churraicealam. Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

**luchd-ionnsachaidh soirbheachail** le bhith a' cur dùbhlán ro sgoilearan smaoineachadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

**neachan misneachail.** Ionnsaichidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharrachaidhean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

**daoine glìce ciallach.** Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urraim do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

**daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach** le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoineachadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

## Ron turas

- Tha e feumail ma bhios briathrachas a bhuineas ri ailtireachd aig sgoilearan oir nì seo deasbad air làraich nas fhasa. 'S dòcha gum bi faclan mar seo feumail a thaobh caisteal 'icillFhaolain: **lùb-gunna, turaid, taigh beag, seòmair, sgiath.** Dh'fhaodadh sgoilearan faclair sgoile le dealbhan a chur ri chèile gus na h-ainmean sin a mhìneachadh.
- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìm le bhith a' dèanamh loidhne-tìm leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Dèan deasbad mu na sgalagan a bhiodh riatanach gus caisteal mar seo a ruith. Dh'fhaodadh sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air cò a dhèanadh dè agus ciamar.
- Tha an caisteal seo gu h-àraid math a thaobh tuigse a thoirt do chlann air beatha ann an caisteal, oir tha e an ìre mhath iomlan. Dh'fhaodadh sgoilearan taghadh o raon chuspairean rannsachaidh (m.e. còcaireachd, cadal, fèistean) ro làimh is ceistean ullachadh chor is gun tadhail iad an caisteal le làn fhios dè nì iad.
- Tha e doirbh do chuid de phàistean tuigsinn nach robh a-riamh ann an caisteal ach tobhta. Dèan deasbad mu mar a dh'atharraicheas togalaichean le aois - bheil an aon choltas air an taigh acasan 's a bh' air bliadhnaichean air ais? An d' rinn an teaghlach atharrachadh? Ma rinn, carson? Dèan deasbad mu mar a bheir gaoth is side buaidh air coltas togalaich cho math ris an iomadh atharrachadh a nì daoine air togalaichean a dh'aona ghnòthach.

## Obair air an làraich

Fhad 's a thathar a' rannsachadh a' chaisteil, cho math ris na molaidhean deasbaid againn, bu chòir na sgoilearan a bhrosnachadh gus sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus gus teòraidhean a dhèanamh 's fheuchainn a tha stèidhichte air an fhianais chruaidh. Seo puingean-tòisichidh san fharsaingeachd:

- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail? Carson a thaghadh seo? A bheil stuth ann an sin a tha air a ghrodadh neo air a bhith air a ghoid on uairsin?
- An dùil gum b' e seo cumadh an t-seòmair o thùs? Am faic thu far an deach atharrachadh? Carson a dhèantadh seo?
- Dè an fhianais a th' ann air beatha làitheil?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le nòtaichean, breacadh-dhealbhan, dealbhan-camara, no le bhith a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor: **www.historic-scotland.gov.uk/education\_unit** gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise* agus *Clàr Mo Bheachdan Fhèin*.

## Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla gus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhantaisbeanaidh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh no ag obair sa chaisteal - prìosanach fiù.
- Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



## Plana Caisteal MhicIllFhaolain

### Air lorg Shir Tòmas MacIllFhaolain

Treòirichidh an turas a mholar thu fhèin is do sgoilearan timcheall a' chaisteil chor is gum faighear a-mach uiread 's a ghabhas mu Shir Tòmas MacIllFhaolain 's mar a bha bheatha.




An dèidh an ro-ràdh chan eil e gu diofar dè òrdugh san tadhail thu na h-àiteachan, 's mar sin is dòcha gum b' fheàrr leat an clas a roinn ann am buidhnean is tòiseachadh aig diofar ìrean.

An dèidh bruidhinn ris an Stiùbhard molamaid gun tadhail thu na h-àiteachan seo a tha comharraichte air a' phlana air dheas:

1. Ro-ràdh: Taobh a-muigh a' Chaisteil
2. Slighe-Steach a' Chaisteil
3. Na Seilearan
4. An Cidsin
5. Seòmar an Stiùbhaird
6. An Talla
7. An t-Seòmar Prìobhaideach
8. Eaglais nam Manach Liath

Tha cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte gu sìmplidh chor is gun gabh a leughadh a-mach do na sgoilearan mas math leat. Cuideachd tha molaidhean a thaobh ceistean-deasbaid.

Bheir an turas mu 45 mionaid.





### Robh fhios agad...

Cha b' ann gu laghail a rinn Sir Tòmas cuid dha airgead: an 1577 bha e an trioblaid ri linn 's gun robh gnothach aige ri spùinneadair air an robh Leonard!



Uinneag air taobh an iar-dheas



An caisteal on bhùth

## Nòtaichean turais: air lorg Shir Tòmas MacIllFhaolain

*Seas air an fheur ri taobh a' bhùtha.*

### Suidheachadh 1: Taobh a-muigh a' chaisteil

*An ciad shealladh. Faodar seo a leughadh do sgoilearan.*

- Còrr is 400 bliadhna air ais sna 1500an b' e Sir Tòmas MacIllFhaolain fear de na daoine bu chudromaiche san sgìre-sa. Bha an teaghlach os cionn cìsean fhaotainn o bhàtaichean a thàinig gu cala Chille Chuithbeirt gus malairt a dhèanamh. 'S e deagh obair a bha seo, ach 's ann sna 1400an a chaidh gu math dhaibh oir b' e an aon nàmhaid a bha aca fhèin agus rìgh na h-Alba. Chuir Rìgh Seumas II agus an teaghlach MacIllFhaolain an aghaidh teaghlach cumhachdach nan Dubhghlasach. Nuair a chuir an rìgh crìoch cheart air na Dubhghlasaich aig Caisteal Threave, chaidh am fearainn a roinn agus dh'fhàs an teaghlach MacIllFhaolain beairteach.
- Mu 1569 chaidh fearann an teis-meadhain Chille Chuithbeirt a thoirt do Shir Tòmas MacIllFhaolain mar ghibht. Chuir e roimhe dachaigh mhòrail a thogail, 's thòisich obair air a' chaisteal ann an 1570.
- Fiù ged a bha e glè shaidhbhir, cha robh a dh'airgead aig Sir Tòmas a chuireadh crìoch choileanta air a chaisteal. An dèidh a bhàis, chaith a mhac Raibeart a' chuid bu mhotha den airgead agus mu na 1700an chaidh an caisteal a thrèigsinn.
- Ged is tobhta e, ma sheallas sinn air gu mionaideach faodamaid tòrr obrachadh a-mach mu Shir Tòmas MacIllFhaolain 's mar a bha beatha aige na chaisteal mòrail.

#### Spreagadh an Neach-Teagaisg

Carson am b' e seo deagh àite do Shir Tòmas caisteal a thogail?

Seall air a' chaisteal. An dùil cia mheud làr a bhiodh ann an caisteal Shir Tòmas?

Cia mheud similear a chunntas tu? Dè dh'inneas seo dhuinn mu cho cofhurtail is a bha an caisteal?

An dùil gun do shaoil Sir Tòmas gun rachadh ionnsaigh a thoirt air na dhachaigh ùr?

An dùil an deach ionnsaigh a thoirt air a' chaisteal seo a-riamh?

#### Freagairtean nan sgoilearan

An teis-meadhain Chille Chuithbeairt - comharra a chudromachd.

Dlùth don abhainn - dh'fhaodadh sùil a chumail air bàtaichean a' tighinn 's a' falbh; cuideachd furasta stuth-togail a ghluasad ann.

Làr ìseal is co-dhiù dà làr eile.

Chìthear 4 dhiubh às seo, 's tha co-dhiù 3 eile ann.

Tòrr theallaichean - gus aoighean 's a theaghlach a chumail blàth.

Cha do shaoil - chan eil na h-uinneagan ro mhòr, chan eil àite ann do shaighdearan, chan eil dìg no dad ann gus an caisteal a dhìon.

Cha deach - seasaidh na ballachan fhathast, gun choltas sgrios.

*Lean an cadha mun chaisteal air chli, seachad tobar. Stad mu dhoras an t-slighe-steach, far a bheil pannal fiosrachaidh.*





### Robh fhios agad...

Cha robh Grissel Maxwell ach 14 bliadhna dh'aois an 1582 nuair a phòs i Sir Tòmas. B' i a dhàrna bean.



Dealbh air pannal fiosaichaidh



Prìomh shlighe-steach, a' sealltainn nan suaicheantas

## Suidheachadh 2: Am Prìomh Shlighe-Steach

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- B' e seo am prìomh shlighe-steach do Shir Tòmas MacIllFhaolain 's a theaghlach. Ma sheallas tu air dealbh a' phannail-fhiosaichaidh chì thu is dòcha mar a bha coltas a' chaisteil nuair a chaidh a thogail an toiseach.
- Thug an togail ùine mhòr - còrr is deich bliadhna, agus is dòcha nach robh e buileach crìochnaichte nuair a ghluais Sir Tòmas MacIllFhaolain 's a bhean Grissel Maxwell a-steach. Chì thu na suaicheantais aca os cionn an dorais. Tha an suaicheantas aig a' bhàrr air blianadh. Bhiodh e a' sealltainn suaicheantas Rìgh Seumas VI.
- Chì thu an tobar às an tàinig a' chuid a bu mhotha de dh' uisge a' chaisteil.

### Spreagadh an Neach-Teagaisg

Dèan coimeas eadar an dealbh 's an caisteal an-diugh.  
Dè tha diofraichte?

Dè nach eil?

Seall air na suaicheantais os cionn an dorais. Seallaidh an suaicheantas air dheas litrichean is ceann-latha.

Dè chì thu?

An dùil dè tha iad a' riochdachadh?

An dùil dè feum a chuireadh air an uinneig bhig air taobh deas an dorais?

A-mach air na suaicheantais, dè an obair-shnaighte mhaiseach eile a chì thu às seo?

Bha taobh eile a' chaisteil gun mhaise. An dùil carson a bha Sir Tòmas ag iarraidh an taobh seo den chaisteal a bhith maisichte?

Ma sheallas tu gu dlùth, am faic thu lùban- gunna? - air eagal nach biodh luchd-tadhail càirdeil.

### Freagairtean nan sgoilearan

Diofraichte: an-diugh chan eil mullach ann, no gloine, no deatach a' tighinn à similearan; tha an abhainn nas fhaisge, na gàrraidhean diofraichte, chan eil mullach air an tobar tuilleadh.

Nach eil: àireamh nan làr, na ballachan-cloiche fhathast iomlan.

GM - Grissel Maxwell, bean Shir Tòmas.

1582 – a' bhliadhna a chaidh an caisteal a chrìochnachadh.

Airson 's gum faiceadh na geàird cò bha a' tighinn 's a' falbh.

Tha an uinneag chli air a' chiad làr maisichte; pàtranan mu bhun nan turaid; loidhne snaighte cloiche aig bàrr a' bhalla os cionn an dorais.

Gus aire dhaoine a tharraing 's iad a' tighinn a-steach.

Trì lùban ìseal leathann mu mheatair os cionn an talmhainn. Toll-daga air chumadh croise air an turaid mu dheas. Sliotain daga air an tùr air chli.

**Gabh a-steach don chaisteal, dìreach gu deas is deas a-rithist gu ceann na tranrsa gus an seas thu san t-seilear mu dheireadh.**



### Robh fhios agad...

Sna seann làithean bha a h-uile duine ag òl lionn - na pàistean fiù! Dhèanadh grùdaire a' chaisteil seòrsa de bheòir lag, a dh'òladh a h-uile duine. Bha e na bu shàbhailte na uisge dìreach às an tobar, a dh'fhaodadh a bhith truaille. Dh'òladh Sir Tòmas is a chàirdean fìon o thall thairis lem biadh.



Seòmar-seileir

### Suidheachadh 3: Na Seilearan

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Seo far an cumadh biadh is deoch uile a' chaisteil. Bha trì seilearan bìdh ann agus seilear gu fìon.
- Sna làithean gun chiste-reòthadh 's a leithid, dh'fheumadh daoine dòigh a lorg gus biadh a chumail o bhith a' grodadh air feadh a' gheamhraidh. Dh'fhaodadh feòil is iasg a bhith air an cumail tioram no saillte, measan is glasraich a bhith picilte, lusan crochte o na cabair is tiormaichte. Chleachd daoine beairteach mar an teaghlach MacIlFhaolain spìosraidhean o thall thairis gus droch bhlas seana-bhìdh fhalach!
- Bha tòrr fearainn aig Sir Tòmas MacIlFhaolain san sgìre. Bhiodh cuid aig tuathanaichean air mhàl bhuaithe. Seach am màl a phàigheadh le airgead is dòcha gum pàigheadh na tuathanaichean e le pòcanan coirce no bàirr eile.

<b>Spreagadh an Neach-Teagaisg</b>	<b>Freagairtean nan sgoilearan</b>
Ciamar a dh'fhairicheas e sna seilearan?	Fionnair.
Carson am b' e seo deagh àite biadh a chumail?	Gun chisteachan-reòthadh - mhaireadh rudan na b' fhaide.
Dè chumas an t-seòmar seo fuar?	Ballachan tiugha, an ìre mhath fo thalamh, uinneagan beaga.
An-diugh gheibh sinne ar biadh uile on mhòr-bhùth. Càite am faigheadh an teaghlach MacIlFhaolain am biadh coitcheann?	Iasg o aibhnichean 's on mhuir. Fèidh, coineanaich, eòin air an sealg sna coilltean sna monaidhean. Glasraich is measan a dh'fhàs air àrainn a' chaisteil no san fhearann aige. Coirce is eòrna mar mhàl. Crodh, mucan, caoraich ionadail. Calmain a chumadh an taigh-chalman.
Thigeadh biadh car spaideil, mar fhìon no measan, o thall thairis. Carson a bha an caisteal ann an deagh shuidheachadh a thaobh seo?	Dìreach ri taobh na mara, far an tigeadh bàtaichean o thall thairis a-steach.
Seall san oisean air taobh deas an dorais. Chì thu a-muigh tro dhà tholl. Dè tha sna tuill seo?	Tuill-gunna.
Dè feum eile a chuireadh air an seilear-sa?	Ghabhadh an seilear a chleachdadh gus an caisteal a dhìon nam biodh feum air.
Mar a thig thu às an seilear, seall suas. Dè bhiodh an seo?	Staidhre.

**Gabh air ais an trannsa gu ceann (air falbh on doras a-steach) is gabh air chli a-steach don chidsin aig an deireadh.**



Teallach a' chidsin



Biadh sa chidsin



Saidse-fhrithealaidh

## Suidheachadh 4: An Cidsin

Tha modailean de luchd-obrach bìdh is cidsin an seo a chuidicheas ris an àite a thoirt beò.

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Nuair a bhiodh Sir Tòmas aig an taigh, bhiodh an cidsin seo trang fad na h-ùine. Feumaidh tu smaoinichadh gu bheil e làn dhaoine a' sgoltadh is ag èigheachd 's a' brodadh is a' giùlain rudan. **Dè dh' fhairicheadh tu? Dè chluinneadh tu? Dè fàileadh?**

### Spreagadh an Neach-Teagaisg

Dè biadh a thathar a' deasachadh?  
Cò dhiubh a gheibheadh tu nad chidsin aig an taigh?

Seall os cionn an teallaich. Ciamar a bhruicheadh tu biadh thar teine?

Air taobh clì an teallaich chì thu seòrsa de phreas sa bhalla.

An dùil dè th' ann?

An dùil dè feum a bh' ann?

Ma sheallas tu gu dlùth air an teine chì thu sliotain far am biodh stoban a' dol. Chaidh iad seo a chleachdadh gus blas deataich a chur air biadh - is dòcha iasg neo hama.

Tha sinc sa h-uile cidsin an-diugh. Cò às am faigheadh na còcairean an seo an uisge?

Am faic thu far an dòirteadh iad an t-uisge salach?

An lorg thu an saidse-fhrithealaidh? Bheireadh na còcairean am biadh do sgalagan airson a thoirt suas staidhre don talla chor is gun toireadh Sir Tòmas is a chàirdean tlachd às.

### Freagairtean nan sgoilearan

Muc-fheòil, iasg, lusan is mar sin.

A h-uile bad - ach ann an diofar cruth (me isbeanan no muc-fheòil rùisgte seach ceann muice, cearc seach calman, lusan à pasgan seach ultach dhiubh).

A bhruich ann an coire - brot, stiùbh, glasraich.

A ròstadh air bior os cionn an teine - feòil.

Air a fhraighigeadh ann an sgeileid os cionn an teine.

Àmhainn.

Aran, pàidheanan, bonnagan a dhèanamh.

On tobar a-muigh.

A dhòirteadh sìos fanan-truaileis air a' bhalla dheas.

Air a' bhalla mu choinneamh an teine.

**Gabh air ais sa chidsin is suas staidhre mu choinneamh doras an t-slighe-steach. Aig bàrr na staidhre gabh air chli, a-steach gu Seòmar an Stiùbhaird, neo an t-Seòmar Prìobhaideach.**





### Robh fhios agad...

An 1586 thàinig aoigh glè chudromach don chaisteal - Rìgh Seumas VI. Chaidh an latha le Sir Tòmas, tha e coltach - choisinn e duais gunna airgid ann an co-fharpais gunnaireachd a chuir an Rìgh air dòigh. Chì thu an gunna an-diugh san taigh-tasgaidh ann an Cille Chuithbeirt.



Seòmar an Stiùbhaird



Tranrsa gu Cluas an Uachdarain

## Suidheachadh 5: Seòmar an Stiùbhaird

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- Bha caisteal coltach ri taigh-òsta a thaobh a ruith. Dh'fhaodadh mu 20 sgalag a bhith ag obair sa chaisteal-sa nuair a bha Sir Tòmas is a theaghlach len aoighean aig an taigh. An dùil dè seòrsa sgalag a bhiodh ann? (còcairean, luchd-glanaidh, searbhantan, balaich/nighneagan cidsin, fuineadairean, grùdairean, neach-circe, banaraich, gillean- stàbaill, teachdairean, gàirnealairean is mar sin).
- Chuidich cuideigin Sir Tòmas a thaobh an caisteal a ruith - an stiùbhard. Bha esan os cionn a h-uile duine 's na sgalagan a bha ag obair sa chaisteal. Nam biodh Sir Tòmas air falbh 's e an stiùbhard a bha mar cheannaire.
- Is dòcha gur e seo seòmar an stiùbhaird, far an robh e a' còmhnaidh 's ag obair. Os cionn seo bhiodh seòmraichean-leapa eile.

<i>Spreagadh an Neach-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean nan sgoilearan</i>
Tha dà sheòmar far a' phrìomh sheòmar. Seall orra is feuch an obraich thu a-mach dè th' annta.	S e preas an taigh bhig a tha san fhear is lugha.
Seall a-mach air an uinneig ri taobh an teallaich. Dè chì thu?	Is dòcha gur e seòmar-leapa neo seòmar-leughaidh a bha san fhear is motha. •Sealladh cadha a' chaisteil.
An dùil carson a tha an uinneag-sa an seo?	Gus leigeil leis an Stiùbhard fhaicinn cò tha a' tighinn 's a' falbh.
Am biodh seo na sheòmar-còmhnaidh cofhurtail? Cuimhnich, sna seann làithean bhiodh obair-ghrèis air na ballachan, àirneis agus, thoir fa-near, mullach.	Bhiodh, reusanta cofhurtail. Uinneagan mòra, teallach mòr, taigh beag priobhaideach, blàths a' tighinn suas on chidsin fodha.
An dùil gun do shaoil Sir Tòmas gun robh an Stiùbhard cudromach?	Shaoil, is dòcha, a rèir meud is mathas a sheòmair.

**Fàg an t-seòmar is till gu bàrr na staidhre. Seach bhith a' dol dìreach a-steach don talla mhòr, gabh ris a' ghalairidh a ruitheas ris an staidhre is a-steach don chùlaist bheag aig a' cheann (bidh seo nas fheàrr le buidhnean beaga). An seo gheibh thu cluas an uachdarain.**

- Seall tron toll bheag seo. **Dè chì thu? An dùil carson a bha an toll seo ann?**
- B' e seo cluas an uachdarain! 'S e bh' ann ach seòrsa de tholl-beachdaidh a-steach don talla chor is gun cluinneadh Sir Tòmas dè bha daoine ag ràdh mu dheidhinn!

**Gabh a-steach don ath-sheòmar - an Talla.**



## Robh fhios agad...

Cha robh clann Shir Tòmas cho saidhbhir is a bha e fhèin. Rinn fear de shliochd, air an robh Sir Tòmas cuideachd, beòshlaint a' reic mhiotagan ri dannsairean aig na bàlaichean ann an Dùn Èideann.



An Talla: dealbh peantar



An Talla

## Suidheachadh 6: An Talla

*Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.*

- B' e seo an t-seòmar bu chudromaiche sa chaisteal: an talla. Seo far am biodh Sir Tòmas ri ghnothaichean, frithealadh air aoighean no biadh le theaghlach.
- Ma sheallas tu air an dealbh air a' phannal-fhiosrachaidh, gheibh thu beachd air coltas an talla mar a bha e.

<i>Spreagadh an Neach-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean nan sgoilearan</i>
Ghrod am mullach. Am faic thu comharra sam bith air far am biodh am mullach a-staigh?  An dùil am biodh làir eile os cionn an làir seo?	Tuill ri fhaicinn far an rachadh na sailean a chur annta.  Bhiodh, is dòcha dhà dhiubh. Chì thu teallaichean air a' bhalla mu choinneamh teallach an talla.
Seall nas àirde buileach. Am faic thu far am biodh am mullach?	Comharraidhean triantanach soilleir a' sealltainn suidheachadh a' mhullaich.
Seall air an teallach mhòr. An dùil gun deach seo a chleachdadh airson còcaireachd?	Cha deach, ach airson blàths is solas.
Taobh a-staigh dheth chì thu toll beag air chli. Carson a bha seo ann?	Seo taobh eile cluas an uachdarain!
Cia mhead slighe-steach don t-seòmar seo a lorgas tu?	Ceithir slighe-steach: far an tàinig sinne a-steach - prìomh shlighe-steach mòrail do dh'aoighean.
Cò an fheadhainn a chleachd Sir Tòmas?	Bàrr na staidhre a' dol suas on làr ìseal mu choinneamh a' phrìomh dhorais. Chleachdadh seo leis na sgalagan airson soithichean bìdh a ghiùlain suas on chidsin.
Cò an fheadhainn a chleachd na sgalagan?	Staidhre air taobh clì an teallaich - bha seo a' dol sìos gu dìreach gu seilear an fhìona 's a nuair sin suas an staidhre.  Doras ris an staidhre seo a' dol don ath-sheòmar.
Seall tron uinneig mhòir air taobh clì an teallaich. Dè chìtheadh Sir Tòmas on uinneig seo?	Bàtaichean a' tighinn gu cala.

*Gabh troimhe don t-seòmar dheireannach - an t-seòmar prìobhaideach.*



### Robh fhios agad...

Bha teaghlach mòr aig Sir Tòmas - seachdnar chloinne! Gu mì-fhortanach cha robh ùidh aca fuireach sa chaisteal, 's mu dheireadh thall chaidh a ghabhail thairis le meur eile den teaghlach, a thug na bha na bhroinn a-mach, am mullach nam measg, agus a reic e.



Sealladh suas gu seòmair-leapa



Teallach le toll salainn

## Suidheachadh 7 : An t-Seòmair Prìobhaideach

**Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.**

- B' e seo seòmair-còmhnaidh prìobhaideach Shir Tòmas is a' Bh.Uas. Grissel. Shuidheadh iad an seo a' bruidhinn ri càirdean is chumadh iad coinneamhan cudromach dìomhair ann.
- Bhiodh làir eile os cionn an làir seo. Saoilidh luchd-eachdraidh gun robh 15 seòmraichean uile gu làir as am fuiricheadh daoine. Tha fhios gun robh tòrr chàirdean aig Sir Tòmas.

### Spreagadh an Neach-Teagaisg

Air taobh deas an teallaich tha toll beag. Seo far an cumadh an t-salann.

An dùil carson a chum iad salann an seo?

Eil fhios agad dè feum a chuireadh air?

An dùil carson a chumadh an seo e, an seòmair prìobhaideach Shir Tòmas, seach sìos staidhre sa chidsin?

An lorg thu an taigh beag san t-seòmair-sa?

An dùil carson a bha uinneag bheag ann?

Bheil drèan san taigh bheag?

Ciamar a dh'fhalamhaicheadh e?

Os cionn an t-seòmair seo bha seòmair-leapa prìobhaideach Shir Tòmas is a' Bh. Uas. Grissel. Dè chì thu a dh'inneas dhuinn cò ris a bha e coltach?

### Freagairtean nan sgoilearan

Chumadh salann an seo 's e tioram.

Chumadh e feòil o ghrodadh sa gheamhradh.

Bha e glè dhaor is luachmhor, 's mar sin chumadh Sir Tòmas sùil gheur air!

San oisean.

Gus àile ùr is solas.

Chan eil - seo 'clòsaid thioram'. Chleachdadh daoine seòrsa de bhucas, a rachadh a thoirt air falbh an sin is fhalamhachadh le sgalag a-muigh.

Teallach, trì uinneagan a-muigh, aon uinneag a' sealltainn san talla. Taigh beag san oisean.

**Tha ar turas caisteil crìochnaichte nist. Mar rud ùr, dh'fhaodadh tu dhol sìos staidhre nan sgalagan aig ceann thall an talla. Ma sheallas tu suas chì thu na th' air fhàgail den staidhre shnìomhanach ag èirigh suas.**

**Ma tha tìde ann is math is d' fhiach tadhail Eaglais bheag nam Manach Liath faisg air a' chaisteal.**





### Robh fhios agad...

'S dòcha gur e Sir Tòmas an ridire a tha na chadal aig bun an tuama. Ach 's e is dòcha gun robh Sir Raibeart ri rud beag de dh'ath-chleachdadh an seo - tha coltas gun tàinig an ridire seo o thuama eile, oir chan eil e buileach ceart a thaobh meud a' bheàrna seo.

## Suidheachadh 8: Carragh-Chuimhne MhicIllFhaolain ann an Eaglais nam Manach Liath

*Tha an tuama aig ceann thall na h-eaglaise, air chli.*

*Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan.*

- 'S e an eaglais seo na tha air fhàgail de mhanachainn a bhiodh air làrach a' chaisteil. Nuair a chaidh am fearann a thoirt do Shir Tòmas, reic e an eaglais chor is gun rachadh a cleachdadh mar eaglais baile Chille Chuithbeirt.
- Chaochail Sir Tòmas an 1597. Thog a mhac Raibeart a' charragh-chuimhne seo dha agus do Grissel Maxwell, a bhean.
- Tha iomadach rud ri lorg air an tuama seo. An lorg thu...

<i>Spreagadh an Neach-Teagaisg</i>	<i>Freagaritean nan sgoilearan</i>
Dealbh snaighte de Shir Tòmas is Grissel.	Gach taobh den t-slighe-bhogha.
Sgiath le bàta, comharradh Chille Chuithbeirt.	Os cionn an sgrìobhadh snaighte Laideann.
Aingeal a' faire orra.	Air an fhìor-bhàrr.
Ridire le ball de cholann a dhìth.	Ìomhaigh snaighte aig a' bhun - gun a chasan.
Samhlaidhean a' bhàis.	Claigeann is cnàmhan tarsainn a chèile, uaireadair-gainmhich (a' sealltainn gu bheil do thim seachad).
Na h-ainmean MacIllFhaolain is Grissel Maxwell sgrìobhte san Laideann.	Os cionn a' bhogha.



A' Bhan-Uasal Grissel



Carragh-chuimhne san eaglais.



## CnCa

**C** Dè an àireamh is lugha de dh'ìnbhich a tha dhìth airson stiùiridh?

**F** 1 inbheach do 10 sgoilear.

**C** An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

**F** Seans gun gabh. Faighnich mu dheidhinn 's tu a' cur turas air dòigh.

**C** A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

**F** Gheibh cathair-chuibhle a-steach don lios ach chan fhaighear san dà lùchairt ach air staidhre chas.

**C** A bheil goireasan bìdh ann?

**F** Faodar ithe a-muigh air neo fasnadh fhaighinn sa chaisteal ri linn droch shìde.

**C** Càite bheil an taigh beag?

**F** Tha taighean beaga air an làraich agus goireasan poblach ri làimh aig an Ionad-Turasachd.

**C** An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

**F** Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

**C** Bheil bùth ann?

**F** Tha bùth beag san ionad- parcaidh a reiceas cairtean- puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

## A' Tadhail Caisteal MhicIllFhaolain

**Tadhail ro-làimh:** Molamaid gu mòr gun tadhail tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal gus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnairtean mun tig buidheann.

**Ga chur air dòigh:** Cuir fòn gu **01557 331856** gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on Stiùbhard. Tha an caisteal fosgailte as t-samhradh a-mhàin.

**Turais:** ma tha luchd-obrach ri fhaotainn gabhaidh turas a chur air dòigh dhuibh. Bruidhinn mu dheidhinn 's thu ga chur air dòigh.

**Cosgais:** Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor (faic shìos).

**Àite:** an teis-meadhain Chille Chuithbeirt air an A711.

**Parcadh:** Faodaidh busaichean parcadh ri taobh a' chala.

**Slàinte 's Sàbhailteachd:** Cum aire air na leanas:

- Bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fad na h-ùine.
- Na streapadh sgoilearan air na ballachan.
- Agus sinn dileas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

**Ionad-Foghlam Alba Aosmhor:**

Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg a tha ceangailte ri Caisteal MhicIllFhaolain, tadhail: [www.historic-scotland.gov.uk](http://www.historic-scotland.gov.uk)

**Àiteachan-tadhail eile:**

Taigh-Tasgaidh an Stewartry, Sràid Naomh Muire, Cille Chuithbeirt. Fòn: 015577 331643

San taigh-tasgaidh àlainn seo tha iomadh rud o seann-aimsir na sgìre, nam measg an gunna airgid a choisinn Sir Tòmas MacIllFhaolain ann an 1587.

## Goireasan eile

**Don luchd-teagaisg:**

Doreen Grove *MacLellan 's Castle* 1997 Alba Aosmhor. An leabhar-treòir oifigeil; leabhar riatanach don luchd-teagaisg airson tuilleadh fiosrachaidh mu ailtireachd is eachdraidh na làraich.

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Sàr-leabhran ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha ann an caisteal is molaidhean gu gnìomhan sgoile.

[www.undiscoveredscotland.co.uk/kirkcudbright/MacLellanscastle](http://www.undiscoveredscotland.co.uk/kirkcudbright/MacLellanscastle) Tha dealbhan àlainn is deagh chur-sìos eachdraidheil air an làrach-lìn seo.

**Gu sgoilearan:**

*Horrible Histories: Bloody Scotland* le Terry Deary, Scholastic 1998.

Phil Roxbee Cox *What were Castles For?* Foillseachadh Usborne Earranta 2002.

[www.nationalgeographic.com/castles/enter.html](http://www.nationalgeographic.com/castles/enter.html) Rannsaich caisteal mas-fhior.

<http://home.freeuk.net/elloughton13/castle1.htm> Stòras math dhealbhan de bheatha caisteil a ghabhas luchdachadh a-nuas.

[http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl\\_fm.html](http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl_fm.html) Gnìomhan a tha stèidhichte air Caisteal Nottingham.

[www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/](http://www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/) Rannsaich beatha baile an 16mh linn ann an Alba.

## Aitheantas

**Dealbhan:** Dealbhan uile

© a' Chrùin, còraichean aig Alba Aosmhor

**Teacsa:** Elspeth Mackay

**Deasaiche an t-Sreath:** Sue Mitchell

**Leagan a-mach is clò-bhualadh:** The House

**Le taing mhòr** a thaobh oidhirpean pearsanta fa leth gu Chris Tabraham agus Luchd-obrach Seirbheisean Tadhail aig Caisteal MhicIllFhaolain.